

5. 1965(12)

AN DREUCHD

AIRSON FRITHEALOIDH.

A CHOMANACHAIDH NAOIMH

REIR GNATHACHAIDH

EAGLAIS NA H-ALBA.



DUN-EIDEAN:

R. LENDRUM 'S A CHUIDEACHD, 29 SRAID FHREDERIC.

1847.

UNIVERSITY OF EDINBURGH



EDINBURGH:
PRINTED BY J. GOLDIE AND CO., 377 HIGH STREET.

AN

CEUD REACHD THAIR AN FHICHEAD DO
REACHDAN EAGLAIS NA H-ALBA.

DO bhrìgh 's gu bheil e air aideachadh leis an fhicheada, agus a cheathramh tè deug thair an fhichead do Phongan na h-eaglaise, “ gu bheil aig an Eaglais ni h e amhain “ an eumantas, aeh aig gach eaglais araid, no rioghachdail, “ ughdarras gu orduchadh, atharrachadh, agus eul a chuir “ ri deas-ghnathaibh no modhanaibh na h-eaglaise, or- “ duichte amhain le ughdarras duine, air ehumhnant gu'm ‘ bi na h-uile nithe deanta chum foghlum;” ghabh an Eaglais Easbuigeach ann an Albainn a ehòir dhligheach so innte fein o chionn fada agus ghnathaich i gu ro ehumanta dealbh-reaehd foirm airson Frithealaidh a Chomanachaidh Naoimh, aithnichte le ainm *Dreuchd a Chomanachaidh Albannaich*, oifig a thugadh gu ceart fa'near agus leis a so air a toirt fa'near, mar sheirbheis orduichte na h-Eaglais Easbuig ann a Frithealadh na Saeramaid sin. Agus do bhrìgh, a ehum aontachd a mheudachadh a' measg na 'n uile a ta 'g aidmheil a bhi do 'n ehreideamh Easbuigeach ann an Albainn, gu'n robh eead air a thoirt roimh so leis na h-Easbuigibh

gu cumail agus gu gnathachadh an Dreuchd Shasannuich anns na h-uile cho'thional anns an robh an Dreuchd ceudna roimhe air a chleachdadh, tha 'n cead ceudna a nis air a shuidheachadh agus air a dhaingneachadh. Agus mar an ceudna, tha e air orduchadh nach bi ann an cleachdadh aon chuid an Dreuchd Albannuich no Shasannuich miosgadh, atharrachadh no ni air bith a chuir riutha no thoirt uapa, ni mo a ghabhar an dara h-aon an ionad an aoin cile mar faic an t-Easbuig sin iomchuidh. Gidheadh, o mheas air an ughdarras a dh-orduich air tùs an Urnuigh Choitichionnta Albannuich, agus airson aobharaibh dìongmhalt' cile, tha e leis a so air orduchadh gu 'n gleidhear mar Phriomh Ughdarras anns an Eaglais so Dreuchd a Chomanachaidh Albannuich, agus gu'm bi e air a chleachdadh ni h e amhain ann an coisrigeadh na h-uile Easbuigean, ach mar an ceudna aig fosgladh gach uile Sheanadh Coitichionnta.

DREUCHD
A CHOMANACHAIDH
AIRSON FEUM
EAGLAIS NA H-ALBA
CHO FADA 'SA BHUINEAS DO FHRITHEALADH
NA SÀCRAMAID NAOIMH SIN.

An Earail.

MHUINNTIR ionmhuinn anns an Tighearna, sibhse leis 'n ail teachd a dh-ionnsuidh Comanachaidh naoimh Cuirp agus Fola ar Slanuighfhir Criosd, feumaidh sibh a thoirt fainear eiod a tha Naomh Pol a scriobhadh a chum n' an Corinthianach; cionnas a ta e ag caralachadh air na h-uile neach iad fein a rannsuehadh agus a cheasnuehadh gu dicheallach, mu 'n gabh iad do dhanadas itheadh do 'n Aran sin, agus ol do 'n Chupan sin. Oir mar a ta an t-sochair mòr, ma ghabhas sinn an t-Saeramaid naomh sin le cridhe fìor aithreach agus le ereidimh beothail, (oir an sin tha sinn ag itheadh Feola Chriosd, agus ag ol Fhola ann a seadh spioradail; an sin tha sinn a' gabhail eomhnuidh ann an Criosd agus Criosd annainne, tha sinn n' ar n-aon

ri Criosd agus Criosd ruinne;) 's amhuil a tha 'n cunnart mor, ma ghabhas sinn i gu mi-ìomchuidh. Oir an sin tha sinn ciontach do Chorp agus do Fhuil Chriosd ar Slanuigh'ir; tha sinn ag itheadh 's ag ol breitheanais dhuinn fein, gun smuainteachadh air Corp an Tighearna; tha sinn a' lasadh corruich Dhe 'n ar n-aghaidh; tha sinn 'ga bhrosnachadh chum ar pianadh le ìomadh easlaintibh, agus gnc bais. Air an aobhar sin, a bhraithrean, thugaibh breith oirbh fein, chum nach d-thugadh an Tighearna breith oirbh; deanaibh fìor aithreachas air son bhur peacainnibh a rinn sibh; biodh creidimh beothail agus dìongmhalt' agaibh ann an Criosd ar Slanuighfhear: leasaichibh bhur beatha, agus bithibh ann an gradh foirfe ris na h-uile dhaoine; mar sin bithidh sibh ann bhur luchd-comhpairt ìomchuidh do na Diomhaireachdan Naomh sin. Agus os cionn nan uile nithe, feumaidh sibh buidheachas umhail agus cridheil a thoirt do Dhia, an t-Athair, an Mac, agus an Spiorad Naomh, air son saorsainn an t-saoghail le bas agus le fulangas ar Slanuighfhir Criosd, a tha maraon 'na Dhia agus 'na dhuine; a dh-irislich e fein, seadh do 'n bhas air a' Chrann-cheusaidh, air ar soinne peacaich thruagh, a bha 'nar laidhe ann an dorchadas, agus ann a' sgail a bhais; chum gu 'n deanadh e sinn 'nar cloinn do Dhia, agus gu 'n ardaichadh e sinn gu beatha shior-mhaireannaich. Agus a chum gu 'n gnath chuimhnicheamaid gradh anabarrach ar Maighistir agus ar n-aon Slanuighfhir Iosa Criosd, mar so a' basachadh air ar son, agus na sochaircan gun aircamh a choisinn e dhuinne le dortadh Fhola luachmhor, shuidhich agus dh-orduich e Diomhaireachdan Naomh, mar dhearbhadh air a ghradh, agus mar chuimhlineachan maireannach air a bhas, a chum ar comhfhurtachd mhor agus neo-chrìochnuichte.

Dhasan uimè sin maille ris 'an Athair agus ris 'a Spiòrad Naomh, thugamaid (mar a ta ro fhiachnaicht' oirnn) gnath bhuidheachas; 'gar strìoehdadh fein gu h-ìomlan d' a thòil agus d' a riar naomh, agus a deanamh dicheall air seirbhís a thoirt dha ann a fìor naomhachd agus ionracas rè uile laithibh ar beatha. *Amen.*

¶ *An sin their an Sagart, no 'n Deacain,*

Tairgeamaid ar tabhartasan dò 'n Tighearna le urram agus eagal diadhaidh.

¶ *An sin toisichidh an Sagart an òfrail, ag radh aon no tuilleadh do na h-earrannaibh so a leanas mar is ro ìomchuidh leis fein, reir fad no giorrad na h-uine a ta 'n sluagh a tairgse an tabhartasan.*

A GUS tharladh ann an ceann laithean araidh gu'n d'thug Cain do thoradh an fhearainn tabhartas do'n Tighearna. Agus thug Abel mar an ceudna do cheud-ghinibh a threid, agus d'an saill; agus bha meas aig an Tighearna air Abel agus air a thabhartas. Ach air Cain agus air a thabhartas, cha robh aige. *Gen. iv. 3, 4, 5.*

Labhair ri eoinn Israeil, gu'n d'thoir iad a 'm ionnsuidh tabhartas: o gach duine a bheir seachad gu toileach e le chridhe, gabhaidh sibh mo thabhartas. *Exod. xxv. 2.*

Cha taisbeinear sibh an lathair an Tighearna falamh. Bheir gach duine seachad mar is urrainn e, a reir beannaehaidh an Tighearna do Dhc. a thug e dhuit. *Deut. xvi. 8.*

Thugaibh do 'n Tighearna 'ghloir a 's euibhe d'a ainm: thugaibh tabhartas leibh, agus thigibh a steach d'a chùirtibh. *Sal. xvi. 8.*

Na taisgibh dhuibh fein ionmhais air an talamh, far an truaille an leomann agus a' mheirg, agus far an cladhaich a stigh na meirlich agus an goid iad : ach taisgibh ionmhais dhuibh fein air neamh, far nach truaille an leomann no a' mheirg, agus nach cladhaich agus nach goid na meirlich. *Mat. vi. 19, 20.*

Ni h-e gach uile neach a their ruimsa, Thighearna, Thighearna, a theid a steach do rioghachd neimh; ach an ti a ta deanamh toil m' Athar-sa a ta air neamh. *Mat. vii. 21.*

Air do dh-Iosa suidhe fa chomhair aite-coimhid na h-ionmhais, thug e fa'near cionnus a bha 'm pobull a cur an airgid anns an ionmhais; agus chuir moran do dhaoineibh saobhir moran innte. Agus air teachd do bhantraich bhoehd, thilg i dà bhonn bheag innte, a ni feirling. Agus air dha a dheisciobuil a ghairm d' a ionnsuidh, thubhairt e riutha, gu deimhinn a ta mi ag radh ribh, gu'n do chuir a bhantrach bhoehd so tuilleadh san ionmhais na iadsan uile a thilg innte. Oir thilg iadsan uile innte d' am mor phailteas; ach thilg ise as a goinne na bha aice uile, cadhoin a beathachadh gu h-iomlan. *Marc. xii. 41, 42, 43, 44.*

Co a theid a chum cogaidh uair air bith air a chostus fein? co shuidhicheas fion-lios agus nach ith d' a thoradh? no co bheathaicheas treud, agus nach blais do bhainne an treud? I *Cor. ix. 11.*

Nach eil fhios agaibh gu bheil iadsan a ta saothreachadh mu thimchioll nithe naomha, air am beathachadh o'n teampull, agus iadsan a ta frithealadh do 'n altair, gu bheil comh-roinn aca ris an altair? Agus mar sin dh-orduich an Tighearna mar an ceudna dhoibh-san a ta searmonachadh an t-Soisgeil, an teachd-an-tir fhaotuinn o'n t-Soisgeul. I *Cor. ix. 13, 14.*

An ti ehuireas gu gann buainidh e gu gann mar an ceudna, agus an ti ehuireas gu pailt, buainidh e gu pailt mar an ceudna. Thugadh gaeh duine seachad a reir ruiu a chridhe, na b' ann an doilgheas, no le h-eiginn: oir is toigh le Dia an neach a bheir seachad gu suilbhir. *2 Cor. ix. 6, 7.*

Comh-roinneadh an neach a ta air a theagasg san fhocal, ris an neach a ta ga theagasg, anns na h-uile nithibh maith. Na meallar sibh; cha deanar fanoid air Dia; oir ge b'e ni a shiol-chuireas duine, an ni ceudna buainidh e. *Gal. vi. 6, 7.*

Thoir àithne do na daoine a ta saoibhir san t-saoghal so, gun iad a bhi ard-inntinneach, agus gun dochas a chur ann a saoibhreas neo-chinnteach, ach anns an Dia bheo, a tha toirt duinn nan uile nithe gu saoibhir r'am mealtuinn: iad a dhcanamh maith, iad a bhi saoibhir ann an deadh oibribh, ealamh gu roinn, deonuch gu co'pairteachadh; a'tasgaidh a suas doibh fein deadh bhunait fa chomhair an àm ri teahd, ehum gu'n dean iad greim air a' bheatha mhaireannaich. *1 Tim. vi. 17, 18, 19.*

Cha 'n eil Dia mi-ehothromach, gu'n di-chuimhnicheadh e obair agus saothair bhur graidh, a noehd sibh a thaobh ainm-san, am feadh gu'n d'rinn sibh frithealadh do na naomhaibh, agus gu bheil sibh a' frithealadh. *Eabh. vi. 10.*

Ach na di-chuimhnicibh maith a dheanamh, agus comh-roinn a thoirt uaibh; oir tha 'n leithid sin do dh-iobairtibh taitneach do Dhia. *Eabh. xiii. 16.*

¶ *Am feadh a bhios an Sagart a labhairt gu poncail cuid no an t-iomlan do na h-carrunnaibh so, airson an tabhartais, gabhaidh an Deacon, no (mar a bi h-aon diubh a lathair) neach iomchuidh eile, crabhadh an t-sluaigh a tha lathair ann am meis ullaichte airson an*

aobhair sin. Agus air dhoibh uile an tabhartais a thoirt seachad, bheir e gu h-urramach a mhias cheudna agus na tabhartasan innte, agus liubhraidh e i do 'n t-Sagart, a thairgeas gu h-iriosail i am fianuis an Tighearna agus cuiridh e air a' Bhord Naomh i, ag radh,

BEANNAICHTE gu'n robh Thusa, O Thighearna Dhe, gu siorruidh agus gu siorruidh: is Leatsa, O Thighearna, a' mhorachd, agus a' ghloir, agus a' bhuidh agus a' mhoralachd: oir 's Leat-sa gach ni a tá anns na neamhaibh agus air an talamh, is Leat an rioghaehd, O Thighearna, agus tha Thu air t-arduchadh mar Cheann os-eionn nan uile: tha araon saobhreas agus onair a teachd Uat-sa agus do d' chuid Fein tha sinn a toirt Dhuit. *Amen.*

¶ *Agus a' sin tairgidh an Sagart a suas agus cuiridh e an t-aran agus am fion uidheamaichte airson na Sacramaid air Bord an Tighearna: agus their e,*

Gu'n robh an Tighearna maille ribh.

Freag. Agus maille ri d' Spiorad-sa.

Sag. Togaibh a suas bhur eridheachan.

Freag. Tha siun ga'n togail a dh-ionnsaidh an Tighearna.

Sag. Thugamaid buidheachas do'n Tighearna ar Dia.

Freag. Tha e iomhuidh agus ceart sin a dheanamh.

Sag. Tha e ro iomhuidh, ceart, agus na dhleasnas fachnuichte oirnn gu'n d' thugamaid anns gach uile àn agus anns gach uile aite buidheachas dhuitse, O Thighearna, *(Athair Naomh) a Dhe Uile chumhaehdaieh agus shiorruidh.

* *Chà'n abrar Athair Naomh air Domhnach na Trionaid.*

¶ *Ann a' so leanaidh an romhradh iomchuidh, a reir an àm, ma bhitheas 'a h-aon gu h-araid ordmichte; no mar a bi, leanaidh air ball,*

Uime sin maille ri ainglibh agus ard-ainglibh, &c.

ROMH-RADHAN IOMCHUIDH.

Air la Nuadhlaoidh, agus seachd la na dheigh.

DO bhrìgh gu'n d' thug Thu t-aon ghin Mhic Iosa Criosd gu bhi air a bhreith (*mar * *Fad sheachd laithibh air an la so) air ar son-ne, An Ti tre an deigh Nodhlaic, fheirtibh an Spioraid Naoimh, a rinn-abair " mar aig an eadh na fhior dhuine do bhlagh a àm so."* Mhathar an Oigh bheannaichte Muire; agus sin gun smal peacaidh, chum sinne ghlanadh o gach uile pheacadh. Uime sin maille ri ainglibh agus ard-ainglibh, &c.

Air la Càsg, agus seachd la na dheigh.

ACH gu h-araid tha mar fhiachamh oirnn Thusa mholadh airson Aiseiridh ghlormhor do Mhic Iosa Criosd ar Tighearna: oir is Esan am Fìor Uan Casg a dh-Iobradh air ar son-ne, agus a thug air falbh peacadh an t-saoghail, an Ti, le bhas fein, a sgrios am bas, agus le Eiridh a ris chum beatha, 'dh-aisig dhuinne bheatha shiorruidh. Uime sin maille ri ainglibh, agus ard-ainglibh, &c.

Air la Deas-ghabhail, agus seachd la na dheigh.

TRID do Mhic ro ionmhuinn Iosa Criosd ar Tighearna; an Ti, an deigh aiseiridh ghlormhor a dh-fhoillsicheadh gu folluiseach do na h-abstoilibh uile, agus 'nan

sealladh a chaidh a suas gu neamh chum ullachadh ionaid air ar son-ne ; chum far a bheil Esan, gu'n rachadh-mide suas mar an ceudna, agus gu'n riaghlamaid maille Ris-san ann an gloir. Uime sin maille ri ainglibh agus ard-ainglibh, &c.

Air domhnach na Caingis, agus se la na dheigh.

TRID Iosa Criosd ar Tighearna ; an Ti a reir a gheallaidh ro fhirinich, a chuir an Spiorad Naomh a nuas o neamh (*mar air an la so) le * *Fad she laithibh an deigh na Caingis theirear, " mar air an am so."* mor fhuaim obuinn mar gu'm bitheadh gaoth neartmhor, ann an cosmhalachd teangannan teinteach air na h-Abstol-aibh, ga'n teagasg, agus g'an treorachadh a chum gach uile fhirinn, a' tabhairt dhoibh araon tiodhlachd chaochladh chainntean, agus mar an ceudna danachd maille ri eud durachdach chum sior shearmonachadh an t-Soisgeil do na h-uile chinnich ; leis a' bheil sinn air ar toirt a mach a dorchadas agus a mearachd, a chum an t-soluis shoilleir, agus fìor eolas Ortsa, agus air do Mhac Iosa Criosd. Uime sin maille ri ainglibh, &c.

Air Feisd na Trionaid amhain.

THUSA tha t-aon Dia, t-aon Tighearna ; cha'n ann a t-aon Phearsa amhain, ach a' d' Thri Pearsannan ann an Aon Bhlagh. Oir an ni sin a ta sinn a' creidsinn mu ghloir

an Athar, an ni ceudna tha sinn a' creidsinn mu ghloir a' Mhic, agus an Spioraid Naoimh, gun diuthar no eadar-dhealachadh sam bith. Uime sin maille ri ainglibh, &c.

¶ *An deigh gach aon do na Romhradhan so, leanaidh air ball a Ghloir laoidh so.*

UIME sin maille ri ainglibh agus ard-ainglibh, agus le uile chuideachd nam flaitheamh, molamaid agus moraicheamaid t-Ainm Glormhor, gu siorruidh ga d' chliuthachadh agus ag radh,

Naomh, Naomh, Naomh, Tighearna Dia nan Sluagh, tha neamh agus talamh làn do d' ghloir. Gloir gu'n robh Dhuitse, O Thighearna 's ro airde. *Amen.*

¶ *A' sin ag seasamh do'n t-sagart aig an aite sin do'n bhord naomh, air chor 's gu faod e dhà laimh a chleachdadh air an doigh is fasa agus is iomchaidh, their e urnuigh a choisrigidh, mar a leanas.*

UILE ghloir gu'n robh dhuitse, Dhe uile-chumhachdaich, ar n-Athair neamhaidh, airson do chaomh throcair, a thug t-aon Mhac Iosa Criosd gu bàs fhulang air a chrann-cheusaidh air son ar saorsainne; an Ti, a rinn an sin (le aon tabhartas dheth fein aon uair a thairgse) iobairt, tabhartas, agus èiric dhiongmhalta, fhoirfe, agus iomlan, airson peacainnibh an t-saoghail uile, agus a shuidhich,

agus a dh-àithn dhuinne 'na shoisgeul naomh gu'n gleidheamaid gnath chuimhneachan air a bhàs agus iobairt luachmhor 'gus an d-thig e rist. Oir anns an oidhche 's na bhrathadh e, (a) ghlac e aran; agus an uair a thug e buidheachas, (b) bhris se c, agus thug e da dheisciobluibh e, ag radh, Gabhaibh, ithibh, is e SO MO CHORPSA tha air a thoirt air bhur sonsa: DEANAIBH so mar chuimhneachan ormsa. Mar an ceudna an deigh na suipeir (d) ghlac e an copan; agus an uair a thug e buidheachas, thug e dhoibhsan e, ag radh, Olaibh uile dheth so, oir is i (e) SO M' FHUIL-SA 'san tiomna-nuadh, a dhoirtcadh air bhur sonsa, agus airson mhorain, airson maitheanas pheacainnean: DEANAIBH so, co tric 'sa dh-olas sibh e, mar chuimhneachan ormsa.

(a) *An so glacadh an sagart a mhias 'na lamhaibh.*

(b) *An so bristidh e an t-aran.*

(d) *An so tha 'n copan aige ri ghlacadh 'na laink.*

(e) *Agus an so cuiridh e a lamhan air gach saotkach, (ma 's mias, no copan a bhios ann) sa bheil fion air bìth ri choisrigeadh.*

UIME sin, O Thighearna, agus Athair ncamhaidh, reir ordugh do Mhic ionmhuinn Iosa Criosd ar Slanuigh'ear, tha sinne do sheirbhisich iriosal a gleidheadh agus a deanamh ann a so an lathair do mhòrachd dhiadhaidh, leo sin do thiodhlacan naomh, A TA SINN A NIS A TAIRGSE DHUITSE, a Chuimhneach-

An tabhartas.

ain a dh-aithn do Mhac dhuinn a dheanamh, ag gleidheadh cuimhne air fhulangas beannuichte, agus a bhàs luachmhor, aiseiridh chumhachdaich agus a dhol suas gloir-mhor, a toirt dhuitse mor bhuidh-eachas o'r cridhe airson na sochairibh gun aireamh a bhuantaicheadh dhuinne leo sin.

AGUS gu ro iriosal tha sinn a guidhe ort, O Athair throcairich, *An achauich.* gu'n eisd thu ruinn, agus do d'mhaitheas uile chumhachdach, deonuich le t-Fhocal agus le d' Spiorad Naomh, do thiodhlacan agus do chreutairean so do dh-Aran agus do dh-Fhion, a bheannachadh agus a naomhachadh, chum gu'n d' thigeadh iad gu bhi na 'n Corp agus 'nam Fuil do Mhic ro ionmhuinn.

AGUS tha sinn gu duraehdaeh a' guidhe gu'n gabhadh do mhaitheas athaircil gu troeaircach r' ar n' iobairt so do mholadh agus bhreith-buidheachais, gu ro umhail a' guidhe ort gu'n deonuicheadh tu, tre thoillteanas agus bhàs do Mhic Iosa Criosd, agus tre ehreidimh 'na fhuil-san, gu faigh sinne (agus t-eaglais gu h-iomlan) maitheanas ar peacainnean, agus gach uile shoehairean eile fhulangais-san. Agus ann a so tha sinn gu h-iriosal a tairgse agus a noehdadh dhuitse, O Thighcarna, sinn fein, ar n-anama agus ar cuirp, gu bhi 'n an iobairt reusanta, naomh, agus bheothail dhuitse, a' guidhe ort, co sam bith a eho'-particheas do 'n Chomanachadh naomh so, gu'n gabh iad gu h-iomchuidh eorp agus fuil ro luachmhor do Mhic Iosa Criosd, agus gu'm bi iad air an lionadh le d' ghras agus le d' bheannachadh neamhaidh, agus deanta na 'n aon ehorp ris-san, chum gu'n gabh e comhnuidh annta-san agus iadsan annsan.

AGUS ge do tha sinne neo-iomchuidh, tre lionmhorachd ar peacainnean, air iobairt sam bith a thairgsinn dhuitse ; gidheadh tha sinn a guidhe ort, gu'n gabh thu ris a so ar scirbheis fhiachnuichte agus dhligheach, ni h-ann ag cothromachadh ar toillteanais, ach a' maitheadh ar ciontainnean, tre Iosa Crìosd ar Tighearna ; trid-san, agus maille ris-san, ann an aonachd an Spioraid Naoimh, gu'n robh gach uile onair agus ghloir dhuitse, O Athair Uile-chumhaehdaich, saoghal gun chrìoch. *Amen.*

Deanamaid urnuigh air son staid iomlain Eaglais Chrìosd.

DHE Uile-chumhachdaich agus shior-mhaireannaich a theagaisg dhuinn le d'Abstol naomh urnuighean agus aehanaichean a dheanamh, agus taing a thoirt air son nan uile dhaoine ; gu h-umhail tha sinn a' guidheadh ort gu ro-throcaireach thu a ghabhail ar dèire agus ar tabhartasan, agus ar n-urnuighean sin a ta sinn a tairgse do d' Mhorachd Dhiadhaidh, a' guidheadh ort, an Eaglais Choitcheionn a bheothachadh do ghnath le spiorad na firinn, na h-aonachd, agus na sith : agus deonuich dhoibhsan uile a ta 'g aideachadh d' Ainm naoimh, cordadh ann am firinn t-Fhocail bheannuichte, agus am beatha 'chaitheamh ann an aonachd agus an gradh diadhaidh. Guidheamaid cuideachd na h-uile Rìghrean, Phrionnsan, agus Uachdarain Chrìosdail a shabhaladh agus a dhion, agus gu h-araid do Sheirbliseach *Bhictoria* ar Ban-rìgh-ne chum foipse gu 'm bitheamaid air ar riaghladh gu diadhaidh agus gu samhach : agus deonuich g'a Comhairle uile agus do na h-uile aig am bheil Ughdarras foipe, gu 'm fritheil iad ceartas gu firinneach agus gun leth-phairt, gu smachdachadh aingidheachd agus droch-bheart, agus gu

seasamh t-fhior chreideamh-sa agus deagh-bheus. Thoir gras, O Athair neamhaidh, do na h-uile Easbuigean Shagartan agus Dheacainean, ehum gu nochdadh iad a mach, araon le 'n eaithe-beatha agus le 'n teagasg, t-fhocal fìor agus beothail, agus gu eart agus gu h-iomehuidh gu 'm frithealadh iad do Shaeramaidean naomh. Agus do d'shluagh uile thoir do ghras neamhaidh, a chum le eridhe seimh agus urram iomehuidh, gu'n eisd agus gu'n gabh iad t-fhocal naomh; gufrinneach a' deanamh seirbhis dhuit, ann a naomhaehd agus ann an ionracas, uile laithibh am beatha. Agus tha sinn gu h-àraid a cuir air euram do mhaithis throearich an eo' thional, a ta eruinnichte ann a' t-ainm ann a so, a ehum cuir an ceill co'-ehuimhneachan bais agus iobairt ro luachmhor do Mhic agus ar Slanuigh'ir Iosa Criosd. Agus gu ro-umhail guidheamaid ort o d'mhaitheas, O Thighearna, eomhfhurtaehd agus eobhair a thoirt dhoibhsan uile a ta's a' bheatha dhiomain so ann an trioblaid, bron, uireasbhuidh, tinneas, no amhgar air bith cile. Agus tha sinn cuideachd a' beannuchadh t-Ainm naoimh air son do sheirbhisich uile, dream air dhoibh an laithean a ehrioeh-naehadh ann a d' chreidimh a tha nis ag fois o' n saothair. Agus tha sinn a toirt ard mholadh agus bhuidheachas o'r eridhe dhuit, air son a ghrais agus na buaidh iongantach a thaisbeanadh ann a t-uile naoimh, a bha na soithichean taghta do d' ghras agus na 'n soluis do 'n t-saoghal 'nan eaochladh linntibh; a' guidhe gu ro umhail ort, gras a thoirt dhuinne, ehum leantuinn an eisempleir seasraeh-san ann a' d' chreidimh, agus ann an umhlaehd do t-aitheantan naomh, ehum air la na h-aiseiridh Coitchionn, gu'm bi sinne, agus iadsan uile tha do Chorp diomhair do Mhic air ar euir air a dheas-laimh agus gu'n eluinn sinn a ghuth ro aoibhinn san, thigibh, a mhuinntir, beannaichte le m'

Athairse, seilbhichibh an rioghachd a dh-ullaicheadh air bhur son o na leagadh stéidh an domhain. Deonuich so O Athair, air sgath Iosa Críost ar n-aon Eadar-mheadhoinear agus ar Feartagraidh. *Amen.*

¶ *A sin their a' Sagart.*

Mar a dh-àithn agus a theagaisg ar Slanuigh'ear Críost dhuinn, tha misneach againn a' radh,

AR n' Athair a ta air neamh, naomhaichear t-Ainm, Thigeadh do rioghachd, Deánar do thoil air an talamh, mar thatar a deanamh air neamh. Thabhair dhuinn an diugh ar n' aran lathail. Agus maith dhuinn ar eiontainnean, mar a mhaitheas sinne dhoibh-san a ta eiontachadh 'n ar n-aghaidh. Agus na leig am buaireadh sinn; ach saor sinn o olc. Oir is leatsa an rioghachd, Agus a chumhachd, Agus a ghloir gu siorruidh agus gu siorruidh. *Amen.*

¶ *An sin bheir an Sagart an cuireadh so dhoibh-san a ta air teachd gu gabhail a' chomanachaidh naomh, ag radh.*

SIBHSE a ta gu firinneach agus gu durachdach a' deanamh aithreachais airson bhur peacáinibh, agus a ta ann an gradh agus ann an iochd ri bhur coimhearsnuich, agus a rùnachadh beatha nuadh a chaitheamh, a' leantainn aitheantan Dhe, agus ag imeachd o so suas 'na shlighibh náomh-san; Thigibh am fagus agus gabhaibh an t-Sacramaid naomh so chum bhur comhfhurtachd; agus deanaibh bhur n-aidmheil iriosal ri Dhia Uile-chumhachdach, gu seimh a' lubadh air bhur gluinibh.

¶ *An sin nithear an aidmheil choitchionn so leis a' phobul maille ris an t-Sagart, air dhasan air tùs dol air a ghluinibh.*

ADHE Uile-chumhachdaich, Athair ar Tighearna Iosa Criosd, Chruith'ear nan uile nithe, Bhreitheamh nan uile dhaoine; Tha sinn ag aideachadh agus a' caoidh ar peacainnean agus ar n-aingeachd lionmhor, a' chuir sinn gu ro chraiteach ann an gnìomh bho àm gu h-àm le smuaintibh, briathraibh, agus deanadais, an aghaidh do Mhorachd dhiadhaidh; a brosnachadh gu ro cheart t-fheirc agus do chorruich 'nar n-aghaidh. Tha sinn gu durachdach a' gabhail aithreachais, agus tha bron o ar cridhe oirnn air an son so ar mi-ghnìomharan; tha 'n cuimhneachan orra ro chraiteach dhuinn; tha 'n eallach dhiubh do-iomchair. Dean trocair oirnn, dean trocair oirnn, Athair ro throcairich; air 's gath do Mhic Iosa Criosd, maith dhuinn na h-uile chaidh seachad; agus deonuich, gu'n dean sinn gu brath an deigh so seirbhis thaitneach dhuitse, ann an nuadhachd beatha; chum onair agus gloir t-ainm, tre Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

¶ *An sin eiridh an Sagart a suas (no an t-Easbuig air dha bhi lathair) agus ga thionndadh fein ris an t-sluagh labhraidh e am fuasgladh Eaglais so.*

DIA Uile-chumhachdach ar n-Athair neamhaidh, a gheall d' a mhor throcaire, maitheanas pheacainnean dhoibhsan uile a philleas da ionnsaidh le aithreachas cridhe agus le fìor chreidimh, gu'n deanadh e trocair oirbh; gu maitheadh agus gu saoradh e sibh o'r n-uile

pheacainnibh; gu'n daingnieheadh agus gu'n neartaicheadh e sibh anns na h-uile mhaitheas, agus gu'n d' thugadh e sibh a chum na beatha shiorruidh tre Iosa Criosd ar Tighearna. *Amen.*

¶ *An sin their an Sagart,*

Eisdibh na' briathran solasach a ta ar Slanuigh'ear Iosa Criosd a labhairt riuthasan uile a philleas gu firinneach d'a ionusaidh san.

THIGIBH a m' ionnsuidh-sa sibhse uile a ta ri saothair, agus fo throm eallaieh, agus bheir mise dhuibh fois. *Mat. xi. 28.*

Mar sin ghradhaieh Dia an saoghal, gu'n d'thug e aon-ghin Mhic fein chum 's ge b'e neach a chreideas ann, nach sgriosar e, ach gu'm bi bheatha shiorruidh aige. *Eoin, iii. 16.*

Eisdibh mar an ceudna ciod a ta Naomh Pol ag radh.

Is fìor an ràdh so, agus is airidh e air gaeh aon chor gabhail ris, gu'n d'thainig Iosa Criosd do'n t-saoghal a thearnadh pheacach. 1 *Tim. i. 15.*

Eisdibh fos ciod a ta Naomh Eoin ag radh.

Ma pheacaicheas neach air bith, tha fear-tagraidh againn maille ris an Athair, Iosa Criosd am firean: Agus is esau an iobairt-reitich airson ar peacainnibh. 1 *Eoin, ii. 1, 2.*

¶ *An sin air do'n t-Sagart, tionndadh a chum na h-Altrach, ag lubadh air a ghluinibh, their e, na 'n ainm-san uile*

tha gus an comanachadh a' ghabhail, urnuigh so na slighe iriosail gu teachd a chum a Chomanachaidh naoimh, mar a leanas.

CHA 'n eil sinn a gabhail a dhanadas oirnn fein teachd a dh-ionnsaidh do bhuird naoimh-sa, O Thighearna throcairich, ag earbsa as ar fireanteachd fein, ach ann a d' throcairich-sa ta mor agus lionmhor. Cha 'n fhiu sinn urrad 'sa spruileach a ta fo d' bhord-sa thional; ach is tusa an Tighearna ceudna, do 'n gnà daonnan a bhi trocaireach. Deonuich dhuinn air an aobhar sin, a Thighearna ghrasail, mar so gu'n ith sinn feoil do Mhic ionmhuinn Iosa Crìosd, agus gu'n ol sinn fhuil, air chor 's gu'm bi ar cuirp pheacach air an deanadh glan le chorp ro naomh-san, agus ar n' anaman air an ionnlaid tre fhuil ro luachmhor-san, agus gu'n gabhamaide gu sìorruidh tuillidh comhnuidh annsan agus esan annainne. *Amen.*

¶ *An sin ma bhitheas an t-Easbuig a lathair, no an Sagart a ta frithealadh, gabhaidh e fein air tus an comanachadh 'san dà sheorsa, agus liubhraidh e ris e do Easbuigibh, Shagairtibh agus Dheaconaibh (ma bhios aon diubh a lathair,) agus an deigh sin do 'n t-sluagh, ann an ordugh dligheach, 'us iad uile gu h-iriosal air an gluinibh. Agus an uair a ghabhas e fein, no bheir e Sacramaid cuirp Chrìosd do mhuinntir eile, their e,*

CORP ar Tighearna Iosa Crìosd, a thugadh air do shon, gu'n gleidheadh e do chorp agus t-anam a chum na beatha shìorruidh.

¶ *An so their an neach a ghabhas,*

Amen.

¶ *Agus an Sagart no am Ministear a ta gabhail a' chupain no ga liubhairt do mhuinntir eile, their e am beannachadh so,*

FUIL ar Tighearna Iosa Criosd a dhoirteadh air do shon, gu'n gleidheadh i do chorp agus t-anam a chum na beatha shiorruidh.

¶ *An so their an neach a ta glacadh*
Amen.

¶ *Ma theirgeas an t-aran no am fion coisrigte ma 'n comanaich an t-iomlan, coisrigidh an Sagart tuillidh, a reir an ordugh roimh-ainmichte, a toiseachadh aig na focail, Uile ghloir gu'n robh dhuitse, &c. agus ag criochnachadh leis na focail, chum's gu'n d' thigeadh iad gu bhì na 'n corp agus na fuil do Mhic ro ionmhuinn.*

¶ *'Nuair a chomanaicheas iad uile, theid esan a ta frith-ealadh gu bord an Tighearna, agus comhdhuidh e le lion eudach glan, na dh-fhagadh do 'n aran agus do 'n fhion choisrigte, agus a' sin their e,*

AIR dhuinn a nise corp agus fuil mhor-luach Chriosd a ghlacadh, thugamaid buidheachas do 'r Tighearna Dia, a cheaduich dhuinn gu grasail a bhì ann an eomhairt d' a dhiomhaireachdan naomh-san; agus guidheamaid a ghras a chum ar boidean a cho'-lionadh, agus a chum buanachadh 'n ar deadh ruintibh; agus air dhuinn a bhì air ar deanamh naomh, gu faod sinn a bheatha mhaireannach a bhuantachd, tre thoillteanas agus iobairt uile-iomlain ar Tighearna agus ar Slanugh'ir Iosa Criosd.

¶ *An sin their an Sagart an urnuigh bhuidheachais so, mar a leanas.*

ADHE Uile-chumhachdaich agus shìor-mhaireannaich, tha sinn a' toirt buidheachais ro chridheil dhuit, a chionn gu' bheil thu a deonuchadh sinne, a ghabh gu h-ìomchaidh na dìomhaireachdan naomh so, bheathachadh le Ion spioradail cuirp agus fola ro luachmhor do Mhic Iosa Criosd ar Slanughfhir; agus 'g ar deanamh cinnteach leis a' so air do dheadh-ghean agus do mhaitheas d' ar taobh-ne, agus gu bheil sinn 'nar fìor bhuill air ar suidheachadh ann an corp dìomhair do Mhic, 's e sin cuideachd bheannaichte nan uile shluagh creideach: agus mar an ceudna 'nar n-oighreachan tre dhochas air do rioghachd mhaireannaich, trid toilltinnis a bhais agus fhulangais ro luachmhor-san. Tha sinn gu ro umhail a' guidhe ort a' nise, O Athair neamhaidh, mar so ar cuideachadh le d' ghras agus le d' Spiorad Naomh, chum gu fan sinn anns a cho'chomunn agus chompanas naomh sin, agus gu'n dean sin gach uile dheadh oibre anns an d' àithn thu dhuinn gluasad, trid Iosa Criosd ar Tighearna; dhà-san, maille Riutsa, agus ris an Spiorad Naomh, gu'n robh gach uile onair agus ghloir, saoghal gun chrìoch. *Amen.*

¶ *An sin their ear na seinnear, Gloria in excelsis, mar a leanas.*

GLOIR do Dhia anns na h-ardaibh, agus sith air talamh, deadh-ghean do dhaoineibh. Molamaid thu, beannaicheamaid thu, aoramaid thu, gloiricheamaid thu, thugamaid buidheachas dhuit airson do mhor ghloir, O Thighearna Dhe, Rìgh neamhaidh, Dhè Athair Uile-chumhachdaich; agus dhuitse, O Dhè aoine ghin Mhic Iosa Criosd; agus dhuitse, O Dhe a Spioraid Naomh.

O Thighearna, aoin ghin Mhic Iosa Criosd ; O Thighearna Dhe, Uain De, Mhic an Athar, a tha toirt oir falbh peacainnean an t-saoghail, dean trocair oirnn. Thusa tha toirt air falbh peacainnean an t-saoghail gabh ri 'r n-urnuigh. Thusa tha a' d' shuidhe air deas laimh Dhe an Athar, dean trocair oirnn.

Oir is tusa an t-aon naomh, is tu an Tighearna, is tu O Chriosd, maille ris an Spiorad Naomh, a ta ro ard ann an glòir Dhe an Athar. *Amen.*

¶ *An sin leigidh an Sagart, (no an t-Easbuig ma bhios e lathair,) air falbh iad leis a bheannachadh so.*

GU'N gleidheadh sith Dhe, a ta os-eionn gach uile thuigse, bhur cridheachan agus bhur n-inntinn ann an eolas agus ann an gradh Dhe, agus a Mhic Iosa Criosd ar Tighearna : agus gu'n robh beannachadh Dhe Uile-chumhaichdaich, an Athair, a Mhic, agus an Spioraid Naomh, 'n 'ur measg agus a' gabhail eomhnuidh maille ribh a ghnath. *Amen.*

CRIOCH.